

# **Còdan Cleachdaidh airson Luchd-obrach agus Luchd-fastaidh Sheirbheisean Sòisealta**

2024

# **Còdan Cleachdaidh airson Luchd-obrach agus Luchd-fastaidh Sheirbheisean Sòisealta**

## **Tha Còdan Cleachdaidh SSSC (na Còdan) a' mìneachadh na leanas:**

- na bun-inbhean cleachdaidh agus an giùlan ris a bheil dùil bho gach neach a tha ag obair ann an seirbheisean sòisealta na h-Alba
- na bun-inbhean ris a bheilear an dùil bho luchd-fastaidh luchd-obrach sheirbheisean sòisealta ann an Alba.

## **Mu na Còdan**

Tha na Còdan a' toirt fios do dhaoine (daoine a tha a' cleachdadh seirbheisean sòisealta) dè as urrainn dhaibh a bhith a' sùileachadh bhon luchd-obrach a tha a' toirt taic dhaibh. Bidh iad cuideachd a' cuideachadh luchd-fastaidh agus luchd-obrach gus beachdachadh air mar as urrainn dhaibh cleachdadh a leasachadh gu leantainneach. Tha an dà sheata de Chòd a rèir nan dleastanasan aig an dà chuid fastaichean agus luchd-obrach ann a bhith a' coileanadh nam bun-inbhean.

Dh'fhoillsich sinn na Còdan an toiseach ann an 2003, a' mìneachadh bun-inbhean nàiseanta airson giùlan agus cleachdadh a tha an sàs airson a h-uile neach obrach seirbheis sòisealta agus airson an luchd-fastaidh. Is e seo tionndadh 2024 nan Còdaichean, an treas eagra, agus tha e a' dol an àite gach tionndadh a bh' ann roimhe (2016 agus 2003).

## **An Còd airson Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta**

Tha an Còd airson Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta a' mìneachadh bun-inbhean soilleir a thathar an dùil a leanas a h-uile duine a tha ag obair ann an seirbheisean sòisealta. Tha e mar uallach ort na bun-inbhean a choileanadh agus bu chòir dhut an Còd a chleachdadh gus meòrachadh air do chleachdadh agus gus comharrachadh mar as urrainn dhut leasachadh leantainneach a thoirt air d' obair.

## **Còd airson Luchd-fastaidh Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta**

Tha an Còd airson Luchd-fastaidh Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta a' mìneachadh uallaichean luchd-fastaidh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur earbsa anns an luchd-obrach aca, gu bheil iad sgileil, misneachail agus gu bheil luach ga chur annta. Mar luchd-fastaidh feumaidh tu taic a thoirt do luchd-obrach gus na bun-inbhean a tha air am mìneachadh sa Chòd airson Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta a choileanadh agus bu chòir dhut an dà phàirt de na Còdan a chleachdadh mar inneal airson leasachadh leantainneach.

## **Carson a tha na Còdan**

### **Dion a' phobaill agus riaghladh an luchd-obrach**

Tha na Còdan, còmhla ris na Bun-inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta, nam pàirt chudromach de bhith a' riaghladh agus a' leasachadh càileachd a' chùraim no na taic a gheibh daoine.

Tha gach fastaiche agus neach-obrach seirbheis shòisealta a' toirt seachad gealltanas gun obraich iad a rèir nan Còdan Cleachdaidh.

Bidh an SSSC a' riaghladh an luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gun urrainn do mhuinntir na h-Alba a bhith cinnteach gum faigh iad seirbheisean sòisealta a tha air an toirt seachad le luchd-obrach earbsach, sgileil, misneachail agus anns dha bheil luach ga thoirt.

Bidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a' riaghladh bhuidhnean a tha a' toirt seachad cùram clàraichte agus a' fastadh luchd-obrach. Bidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim cuideachd a' toirt seachad comhairle agus a' brosnachadh deagh chleachdadh gus ìrean àrdachadh thar nan seirbheisean sòisealta.

Nuair nach eil neach-clàraichte a' coileanadh nam bun-inbhean stèidhichte sna Còdan, faodaidh an SSSC gnìomhan a ghabhail tron phròiseas iomchaidheachd-cleachdaidh againn. Is urrainn do Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim comhairle a thoirt do sholaraichean seirbheis cùraim mu bhith a' leantainn nan Còdan agus, ma bhios e a dhìth, is urrainn dhaibh gnìomhan a ghabhail an aghaidh luchd-fastaidh nach eil a' coileanadh a rèir nam bun-inbhean ris a bheil dùil.

### **A' cumail taic ri deagh chleachdadh gach latha**

Tha na Còdan nan inneal airson leasachadh leantainneach agus leasachadh cleachdadh. Mar eisimpleir, gabhaidh iad cleachdadh:

- gus taic a chumail ri còmhraidhean cunbhalach mu na Còdan aig coinneamhan sgioba
- aig àm inntrigidh agus airson ionnsachadh is leasachadh luchd-obrach
- gus meòrachadh air cleachdadh làithreach.

Faigh a-mach barrachd mu na Còdaichean agus mun SSSC aig [www.sssc.uk.com](http://www.sssc.uk.com)

## Còd Cleachdaidh airson Luchd-obrach

**1: Feumaidh mi na còraichean agus an leas aig daoine fa leth agus aig luchd-cùraim a dhìon agus a bhrosnachadh.**

### **Mar neach obrach nì mi na leanas**

1.1	Obraichidh mi le caoimhneas, co-fhaireachdainn agus spèis agus làimhseachaidh mi gach neach mar neach fa leth
1.2	Bheir mi spèis do agus broснаichidh mi còraichean agus, far a bheil e iomchaidh, beachdan, miannan agus roghainnean dhaoine fa leth agus luchd-cùraim.
1.3	Brosnaichidh mi na còraichean aig daoine fa leth gus smachd a bhith aca air am beatha agus gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu an cùram no an taic.
1.4	Obraichidh mi le daoine fa leth agus luchd-cùraim gus conaltradh san dòigh agus sa chànan as fheàrr leotha.
1.5	Bheir mi spèis do agus cumaidh mi suas urram agus dìomhaireachd dhaoine fa leth.
1.6	Brosnaichidh mi iomadachd agus bheir mi spèis do gach dearbh-aithne, luach agus cultar.

## 2: Feumaidh mi earbsa agus misneachd dhaoine fa leth agus luchd-cùraim a thogail agus a chumail suas.

### Mar neach obrach nì mi na leanas

2.1	Bidh mi fìrinneach, fosgailte, onarach agus earbsach.
2.2	Nì mi conaltradh ann an dòigh fhosgailte, cheart agus shimplidh agus le spèis.
2.3	Cumaidh mi ri dìomhaireachd fiosrachaidh agus mìnichidh mi poileasaidhean mu dhìomhaireachd do dhaoine fa leth agus do luchd-cùraim gu soilleir.
2.4	Bidh mi earbsach agus urrasach.
2.5	Cumaidh mi ri dleastanasan obrach, aontaidhean agus rèiteachaidhean agus, nuair nach eil e comasach dhomh sin a dhèanamh, mìnichidh mi carson do dhaoine fa leth, do luchd-cùraim agus dhan fhastaiche agam.
2.6	Ni mi aithris air cùisean a dh'fhaodadh còmhstri eadar com-pàirtean adhbharachadh agus nì mi cinnteach nach toir iad buaidh air mo bhreithneachadh no mo chleachdadh.
2.7	Leanaidh mi poileasaidhean agus modhan-obrach mu bhith a' faighinn no a' toirt seachad thiodhlacan is airgead le daoine fa leth agus le luchd-cùraim.
2.8	Cruthaichidh mi dàimhean fosgailte, matha le daoine fa leth, co-obraichean no luchd-cùraim, agus cumaidh mi ri crìochan proifeasanta, a tha a' toirt spèis dhan urram, sunnd agus sàbhailteachd aca.

### 3: Feumaidh mi sunnd agus neo-eisimeileachd dhaoine fa leth agus luchd-cùraim a bhrosnachadh agus a bhith gan dìon bho chron cho fad 's as urrainn dhomh.

#### Mar neach obrach nì mi na leanas

3.1	Nì mi aithris air casaidean de chron, bheir mi dùbhlán do, agus nì mi aithris air giùlan cunnartach, mì-ghnàthachadh no lethbhreith, a' cleachdadh shiostaman stèidhichte taobh a-staigh àm iomchaidh.
3.2	Leanaidh mi cleachdaidhean, modhan-obrach agus poileasaidhean a tha air an dealbhadh gus mi fhèin agus daoine eile a chumail sàbhailte aig an obair.
3.3	Innsidh mi dhan fhastaiche agam, no dhan ùghdarras iomchaidh, mu ghnòthach sam bith co-cheangailte ri stòrasan no cùis obrachaidh sam bith a dh'fhaodadh bacadh a chur air cùram no taic
3.4	Innsidh mi dhan fhastaiche agam, no do dh'ùghdarras iomchaidh, nuair a dh'fhaodadh bacadh a bhith air an iomchaidheachd aig co-obraiche a bhith ag obair
3.5	Bidh mi fosgailte agus onarach leis an fhastaiche agam, le daoine fa leth agus le luchd-cùraim nuair a tha cleachdadh ann a tha air cron no call adhbharachadh no a dh'fhaodadh cron no call adhbharachadh.
3.6	Co-obrachaidh mi le sgrùdaidhean sam bith a nì am fastaiche agam, an SSSC no ùghdarras iomchaidh eile a thaobh m' iomchaidheachd a bhith ag obair no mun iomchaidheachd aig daoine eile a bhith ag obair. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith an làthair aig èisteachdan agus a' toirt seachad aithrisean fianais, sgrìobhainnean no fiosrachadh eile taobh a-staigh àm iomchaidh.
3.7	Obraichidh mi còmhla ri daoine fa leth agus ri luchd-cùraim gus fios air ais fhaighinn is a thoirt seachad, gus draghan agus gearanan a thogail, agus bheir mi feart dhaibh agus gabhaidh mi ceumannan stèidhichte orra.
3.8	Aithnichidh mi agus cleachdaidh mi an cumhachd agus an ùghdarras a th' agam gu ciallach nuair a bhios mi ag obair le daoine fa leth, le luchd-cùraim agus le co-obraichean.

#### 4: Feumaidh mi aithneachadh gu bheil còir aig daoine fa leth riosgan a ghabhail agus obraichidh mi còmhla riutha gus na riosgan sin a thuigsinn agus a riaghladh.

##### Mar neach obrach nì mi na leanas

4.1	Obraichidh mi còmhla ri daoine fa leth gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu riosgan a dh'fhaodadh a bhith ann dhaibh fhèin no do dhaoine eile.
4.2	Leanaidh mi poileasaidhean agus modhan measaidh cunnairt gus measadh a bheil giùlan aig daoine na chunnart cron dhaibh fhèin no do dhaoine eile.
4.3	Gabhaidh mi na ceumannan a tha a dhìth gus na cunnartan bho dhaoine a bhith a' dèanamh cron orra fhèin no air daoine eile a lùghdachadh.
4.4	Dèan cinnteach gu bheil daoine fa leth, co-obraichean iomchaidh agus buidhnean-gnìomha fiosraichte mu thoraidhean agus builean mheasaidhean cunnairt.

**5: Feumaidh mi a bhith cunntachail airson càileachd mo chuid obrach agus a bhith a' gabhail uallach airson a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh mo chuid eòlais agus mo chuid sgilean.**

**Mar neach obrach nì mi na leanas**

5.1	Coilean bun-inbhean cleachdaidh iomchaidh agus obraich ann an dòigh laghail, shàbhailte agus èifeachdach.
5.2	Cùm clàran soilleir, ceart agus ùraichte a rèir phoileasaidhean agus mhodhan-obrach co-cheangailte ris an obair agam.
5.3	Innsidh mi dhan fhastaiche agam no dhan ùghdarras iomchaidh mu dheidhinn suidheachadh no tachartas pearsanta sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air mo chomas gus m' obair a dhèanamh gu comasach agus gu sàbhailte agus innsidh mi dhan SSSC mu rud sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air m' iomchaidheachd a bhith ag obair .
5.4	Iarraidh mi taic bhon fhastaiche agam no bhon ùghdarras iomchaidh mura h-eil mi a' faireachdainn comasach, no ullachadh gu leòr, gus eileamaid sam bith den obair agam a dhèanamh no mura bheil mi cinnteach dè bu chòir dhomh a dhèanamh.
5.5	Ullaichidh mi airson agus gabhaidh mi pàirt ann an aireachas (supervision) gus meòrachadh air mo leasachadh, feumalachdan ionnsachaidh, sunnd agus cleachdadh.
5.6	Cumaidh mi suas mo chuid ionnsachaidh phroifeiseanta leantainneach gus piseach a thoirt air mo chuid eòlais agus sgilean agus gus cur ris an ionnsachadh is leasachadh aig càch.
5.7	Co-obrachaidh mi agus obraichidh mi gu h-in-ghabhalach agus gu fosgailte le co-obraichean agus le daoine eile agus bheir mi spèis dhaibh.
5.8	Obraich mi ann an dòigh a tha air a stiùireadh le tuigse air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig trauma air daoine fa leth, air luchd-cùraim agus air co-obraichean.
5.9	Bidh mi cunntachail airson na h-obrach a bhios mi a' tiomnadh do dhaoine eile.
5.10	Bheir mi spèis do na dhreuchdan agus dhan eòlas aig co-obraichean ann am proifeiseanan eile, a dh'fhaodadh a bhith a' leantainn còdan proifeiseanta eadar-dhealaichte, agus obraich ann an com-pàirteachas leotha.
5.11	Aithnichidh mi agus bheir mi spèis do dhleastanasan agus eòlas luchd-cùraim, teaghlaichean agus daoine iomchaidh eile agus obraichidh mi ann an com-pàirteachas leotha.
5.12	Iarraidh mi agus èistidh mi ri fios air ais bho dhaoine fa leth, luchd-cùraim agus daoine eile agus cleachdaidh mi seo gus piseach a thoirt air mo chuid chleachdaidh.



**6: Feumaidh mi earbsa agus misneachd a' phobaill a chumail suas.****Mar neach-obrach cha dèan mi na leanas**

6.1	Droch-dhiol, cron, dearmad air, no brath a ghabhail air daoine fa leth, air luchd-cùraim no air co-obraichean.
6.2	A bhith a' dèanamh mì-fheum den earbsa aig daoine fa leth, luchd-cùraim no co-obraichean annam, no mì-fheum air an fhiosrachadh a tha mi a' cumail mun deidhinn agus mun t-suidheachadh phearsanta aca.
6.3	Dàimhean neo-phroifeiseanta no cronail a bhith ann le daoine fa leth no le luchd-cùraim.
6.4	Lethbhreith an aghaidh daoine fa leth, luchd-cùraim no co-obraichean.
6.5	Gabhail ri leth-bhreith sam bith bho dhaoine fa leth, luchd-cùraim no co-obraichean.
6.6	Mi fhèin no daoine eile a chur ann an cunnart gun adhbhar
6.7	A bhith ri giùlan san obair no taobh a-muigh na h-obrach, a thogadh ceist mu mo fhreagarrachd airson a bhith ag obair ann an seirbheisean sòisealta.

## Còd Cleachdaidh airson Luchd-fastaidh Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta

**1: Dèan cinnteach gu bheil na daoine a bhios tu a' fastadh freagarrach airson a bhith nan luchd-obrach sheirbheisean sòisealta agus gu bheil iad a' tuigsinn an dreuchdan agus an dleastanasan.**

**Mar fhastaiche nì mi na leanas**

1.1	Cleachdaidh mi pròiseasan fastaidh mionaideach agus sàbhailte gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine leis na beachdan agus luachan iomchaidh, agus le comas air an t-eòlas agus na sgilean riatanach fhaighinn, a' tighinn a-steach dhan fheachd-obrach.
1.2	Leanaidh mi an stiùireadh iomchaidh mu fhastadh sàbhailte gus sùil a thoirt air clàran eucoireach, clàran agus beàrnannan ann an cosnadh mar phàirt de bhith a' measadh an urrainn do neach dleastanasan na h-obrach a choileanadh.
1.3	Iarraidh mi agus bheir mi seachad fiosrachadh no iomraidhean ceart agus iomchaidh co-cheangailte ri freagarrachd neach a bhith ag obair ann an ròl sònraichte.
1.4	Bheir mi fiosrachadh soilleir do luchd-obrach mu na dreuchdan agus na dleastanasan aca, mun reachdas bhuntainneach agus mu na poileasaidhean agus modhan-obrach a dh'fheumas iad a leantainn nan cuid obrach.
1.5	Bheir mi seachad fiosrachadh soilleir do luchd-obrach mu sreath-mhanaidseadh, conaltradh agus taic.

## 2: Cùm suas cultar agus cuir siostaman an sàs gus taic a thoirt do luchd-obrach sheirbheisean sòisealta gus an Còd Cleachdaidh a choileanadh.

### Mar fhastaiche nì mi na leanas

2.1	Stiùirich, riaghlaidh agus cùm sùil air luchd-obrach ann an dòigh a bhrosnaicheas cleachdadh caomhneil agus truacanta.
2.2	Bheir mi seachd stiùireadh ann an dòigh a tha a' cur luach air iomadachd, in-ghabhail agus co-ionannachd agus a tha a' seasamh chòraichean an neach fa leth.
2.3	Bheir mi seachd stiùireadh ann an dòigh a nì cinnteach gu bheil daoine fa leth agus luchd-cùraim an sàs ann an co-dhùnaidhean mun chùram no taic aca, far a bheil sin iomchaidh.
2.4	Bheir mi stiùireadh do luchd-obrach gus piseach leantainneach a thoirt air an cuid cleachdaidh agus leasachadh leantainneach, agus nì mi cinnteach cuideachd gu bheil iad iomchaidh gus an cuid obrach a dhèanamh.
2.5	Brosnaichidh mi cultar fosgailte sam faigh luchd-obrach taic gus beachdachadh air cleachdadh beusach agus air crìochan proifeiseanta.
2.6	Bidh siostaman an sàs agam gus fios air ais a shireadh bho dhaoine fa leth, luchd-cùraim agus daoine eile agus gus a chleachdadh gus seirbheisean agus cleachdaidhean a chumadh agus a leasachadh.
2.7	Bidh siostaman an sàs agam do luchd-obrach gus aithris a dhèanamh air duilgheadasan obrachaidh no duilgheadasan a thaobh ghoireasan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air cùram no taic agus obraichidh mi gus dèiligeadh ris na duilgheadasan sin le ùghdarrasan iomchaidhfar a bheil sin riatanach.
2.8	Cuiridh mi cultar an comas a tha a' toirt taic do luchd-obrach a bhith a' foillseachadh dhraghan nuair a tha iad a' faireachdainn gu bheil cleachdaidhean obrach a tha ri lethbhreith, neo-iomchaidh no mì-shàbhailte airson adhbhar sam bith agus gabhaidh mi ceumannan iomchaidh gus freagairt air draghan.
2.9	Bheir mi taic do luchd-obrach gus na bun-inbhean anns a' Chòd Cleachdaidh a choileanadh agus chan iarr mi orra dad a dhèanamh a dh'fhaodadh bacadh a chur air sin bho bhith a' tachairt.
2.10	Bheir mi taic do luchd-obrach a tha air am fastadh bho phroifeiseanan eile gus na còdan proifeiseanta aca fhèin a choileanadh.
2.11	Nì mi aithris air luchd-obrach far am faodadh ceist a bhith ann mun iomchaidheachd aca a bhith ag obair.

### 3: Thoir seachad cothroman ionnsachaidh is leasachaidh gus comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean, eòlais agus cleachdaidh a neartachadh agus a chumail suas.

#### Mar fhastaiche nì mi na leanas

3.1	Bheir mi seachad inntrigeadh agus ionnsachadh a tha ruigsinneach agus de dheagh chàileachd agus bheir mi seachad cothroman leasachaidh gus taic a thoirt do luchd-obrach gus an dleastanas a choileanadh gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach.
3.2	Bheir mi taic do, agus ullaichidh mi luchd-obrach airson dreuchdan is dleastanasan is leasachaidhean ùra no a tha ag atharrachadh, ann an cleachdadh a' gabhail a-steach ann an cùisean didseatach.
3.3	Cuiridh mi ri foghlam agus ionnsachadh, a' toirt seachad greisean gnìomhachais, measaidhean agus cothroman ionnsachaidh èifeachdach a thaobh cleachdadh.
3.4	Bheir mi taic do luchd-obrach a dh'fheumas a bhith clàraichte leis an SSSC gus na cumhaichean clàraidh aca agus an riatanas airson ionnsachadh is leasachadh proifeiseanta leantainneach a choileanadh agus a chumail suas.
3.5	Nì mi cinnteach gu bheil gach neach-obrach sòisealta le teisteanas ùr a' faighinn na ìre riatanaich de dh'ionnsachadh agus de leasachadh proifeiseanta tron bhliadhna èigneachail le taic gus na feumalachdan ionnsachaidh proifeiseanta leantainneach aca a choileanadh gu h-iomlan.
3.6	Freagraidh mi gu h-iomchaidh ri luchd-obrach a tha feumach air taic leis nach eil iad a' faireachdainn comasach, no ullaichte gu leòr, an cuid obair a choileanadh.
3.7	Bheir mi seachad stiùireadh èifeachdach is cunbhalach a bheir an comas do luchd-obrach cleachdadh a leasachadh agus adhartachadh tro mheòrachadh agus fios air ais.

#### 4: Cumaidh mi suas cultar a bheir taic do shàbhailteachd is dìon agus aig an aon àm a tha a' gabhail ris na còraichean aig daoine gus cunnartan a ghabhail.

##### Mar fhastaiche nì mi na leanas

4.1	Bidh poileasaidhean agus modhan-obrach sgrìobhte agam an sàs gus daoine fa leth, luchd-cùraim, luchd-obrach agus daoine eile a dhìon bho chionn.
4.2	Cuiridh mi an gnìomh is cumaidh mi sùil air poileasaidhean agus modhan-obrach sgrìobhte, gu sònraichte mu bhith ag aithris air casaidean mu chleachdadh, leth-bhreith, cron, dearmad no droch-dhìol dhan ùghdarras iomchaidh taobh a-staigh àm iomchaidh.
4.3	Nì mi cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach agus gu bheil iad a' tuigsinn chomharran de mì-ghnàthachadh, leth-bhreith, cron, dearmad agus droch dhìol agus na gnìomhan a dh'fheumas iad a dhèanamh.
4.4	Nì mi cinnteach gu bheil luchd-obrach a' tuigsinn nach gabhar ri burraidheachd, sàrachadh no leth-bhreith de sheòrsa sam bith agus gabhaidh mi ceumannan gus dèiligeadh ri giùlan den t-seòrsa sin.
4.5	Bidh modhan-obrach an sàs agam gus an urrainn do luchd-obrach aithris nuair a dh'fhaodadh bacadh air bhith air an iomchaidheachd aig co-obraiche a bhith ag obair.
4.6	Bidh modhan-obrach agam an gnìomh gus an urrainn do neach-obrach aithris nuair a tha cleachdadh air cron no call adhbharachadh, no a dh'fhaodadh e a bhith air cron no call adhbharachadh.
4.7	Dèiligeadh mi ri aithrisean agus casaidean bho luchd-obrach gu sgiobalta, gu h-èifeachdach agus gu fosgailte.
4.8	Brosnaichidh mi cultar a tha a' cur luach air sàbhailteachd gach neach agus far nach gabhar ri fòirneart, bagairtean agus droch-dhìol. Bidh poileasaidhean agus modhan-obrach an gnìomh agam gus suidheachaidhean mar seo a lùghdachadh agus a riaghladh.
4.9	Bidh mi mothachail air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig trauma air luchd-obrach, agus bheir mi taic do luchd-obrach a dh'fhiosraich buaidhean trauma.
4.10	Bidh mi mothachail air a' bhuidhe as urrainn a bhith aig giùlan mì-ghnàthach air luchd-obrach. Bheir mi taic do luchd-obrach a tha a' fulang bho ghiùlan mar sin.
4.11	Bidh poileasaidhean agus modhan-obrach an sàs agam a bhrosnaicheas slàinte, sàbhailteachd, sunnd agus co-ionannachd luchd-obrach agus a bheir spèis do dh'in-ghabhail agus iomadachd.

4.12	Bheir mi taic do luchd-obrach far am faodadh ceist a bhith ann mun iomchaidheachd a bhith ag obair agus bheir mi seachad stiùireadh soilleir mu bhacadh sam bith air an cuid obrach.
4.13	Nì mi aithris do na h-ùghdarrasan iomchaidh far a bheil cleachdadh air cron no call adhbharachadh, no far am faodadh e a bhith air cron no call adhbharachadh.
4.14	Biodh poileasaidhean agus modhan an sàs a thaobh measadh chunnartan.

**5: Nì mi sanasachd air agus broснаichidh mi an Còd Cleachdaidh airson Luchd-fastaidh Sheirbheisean Sòisealta agus an Còd Giùlain airson Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta do dhaoine fa leth, agus do luchd-cùraim agus co-obrachaidh mi le cùisean aig an SSSC.**

**Mar fhastaiche nì mi na leanas**

5.1	Leanaidh mi an Còd Cleachdaidh airson Luchd-fastaidh Sheirbheisean Sòisealta agus innsidh mi do luchd-obrach mun uallach orm cumail ris.
5.2	Bheir mi fios do luchd-obrach mun Chòd Cleachdaidh airson Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta agus obraichidh mi còmhla riutha gus na dleastanasan aca a thuigsinn gus cumail ris.
5.3	Brosnaichidh mi cho cudromach 's a tha na Còdan Cleachdaidh agus frèaman-obrach agus bun-inbhean iomchaidh eile agus mar a tha iad co-cheangailte.
5.4	Nì mi cinnteach gu bheil fios aig dhaoine fa leth agus aig luchd-cùraim mu na Còdan Cleachdaidh airson Luchd-obrach agus Luchd-fastaidh Sheirbheisean Sòisealta agus bheir mi seachad fiosrachadh air mar a thogas iad cùisean co-cheangailte ris na Còdan.
5.5	Bheir mi feart air a' Chòd Cleachdaidh airson Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta nuair a bhios mi a' dèanamh co-dhùnadh sam bith co-cheangailte ri iomchaidheachd neach-obracha bhith ag obair.
5.6	Leanaidh mi an stiùireadh mu bhith a' cur fios chun an SSSC mu neach-obrach far a bheil ceist ann mu an iomchaidheachd a bhith ag obair. Ma bhios e iomchaidh, innis dhan neach-obrach gu bheil thu air tar-chur a dhèanamh.
5.7	Co-obrachaidh mi gu sgiobalta le sgrùdaidhean SSSC agus sgrùdaidhean aig ùghdarrasan eile, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad sgrìobhainnean, a' frithealadh èisteachdan agus a' freagairt air na toraidhean agus na co-dhùnaidhean.
5.8	Cuiridh mi an comas, agus bheir mi taic do luchd-obrach a bhith a' co-obrachadh le sgrùdaidhean aig an SSSC agus ùghdarrasan eile.
5.9	Gabhaidh mi ceumannan iomchaidh air co-dhùnadh sam bith aig SSSC mun iomchaidheachd obrach aig neach-obrach, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do neach-obrach gus cumhachan sam bith a thaobh a' chlàraidh aca a choileanadh.
5.10	Gabhaidh mi gnìomhan iomchaidh a rèir co-dhùnaidhean aig buidhnean eile a bhios a' suidheachaidh bun-inbhean gus an t-seirbheis a bheirear do dhaoine fa leth agus do luchd-cùraim a leasachadh.

**Bidh na Còdan seo an sàs bho 1  
Cèitean 2024 agus a' dol an àite gach  
dreachd a bh' ann roimhe.**

**Air fhoillseachadh fo earrann 53 de  
dh'Achd Riaghlaidh Cùraim (Alba) 2001.**

Tha eisimpleirean anns na Còdan de chleachdadh agus de ghiùlan ach cha bhi iad  
a' gabhail a-steach a h-uile seòrsa giùlain a dh'fhaodadh tu fhiosrachadh.



Scottish Social Services Council  
Compass House  
11 Riverside Drive  
Dundee  
DD1 4NY

Fòn: 0345 60 30 891  
Post-d: [enquiries@sssc.uk.com](mailto:enquiries@sssc.uk.com)  
Làrach-lìn: [www.sssc.uk.com](http://www.sssc.uk.com)

Ma tha thu ag iarraidh na sgrìobhainn seo ann an cruth eile, cuir fios gu  
SSSC air  
0345 60 30 891